


# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**26/08/2013**

## **Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic do Duaisean Gàidhlig Nàiseanta**

Tha Bòrd na Gàidhlig air compàirteachas ùr fhoillseachadh eadar iad fhèin is Media Scotland, a' bhuidheann fhoillseachaidh as mothà ann an Alba, gus sreath de dhuaisean a chur air bhonn a bheir aithne phoblach air soirbheachadh ann an iomadh raon de chànan is cultar na Gàidhlig ann an Alba.


Bidh Duaisean Gàidhlig na h-Alba ag aithneachadh sàr oidhirpean is soirbheachadh ann an saoghal is cultar nan Gàidheal, agus iad a' dèanamh follaiseach na h-obrach a thathar a' dèanamh gus cor is dualchas a' chànan a chumail suas.

Thuirt Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: "Le bhith cur air bhonn Duaisean Gàidhlig na h-Alba, tha sinn a' stèidheachadh iomairt a bheir misneachd do dhaoine agus a bheir aithne phoblach dhan obair chruaidh, an dìcheall agus an dealas a chì sinn bho na daoine a tha an sàs ann a bhith leasachadh agus a' gleidheadh na Gàidhlig, chan ann a-mhàin ann an Alba ach air feadh an t-saoghail. Cha bhi na duaisean dìreach a' toirt aithne dha mar a tha daoine a' soirbheachadh; bidh iad cuideachd ag aithneachadh nan neartan eile th' aig daoine: na comasan a th' aca, an strì a nì iad, an spàирn a nì iad, agus gu sònraichte an sàr obair a nì iad. Tha sinn air leth toilichte a bhith ag obair còmhla ri Media Scotland air a' phròiseact seo, oir tha sinn air a bhith ag obair ann am compàirt leotha fad dà bhliadhna ron seo mu thràth le Duaisean Foghlaim na h-Alba. Tha sinn fior thoilichte gu bheil iad a' tuigsinn agus ag aithneachadh cho cudromach agus a tha e gun comharrach sinn na diofar dhòighean a bhios daoine a' cur ri cànan is cultar na Gàidhlig."

A' tùiseachadh an-diugh (Diluain 26 Lùnastal), faodaidh daoine molaidhean a chur a-steach airson nan duaisean, le 10 diofar sheòrsachan dhuaisean ann. Faodaidh daoine moladh a chur a-steach air an làrach-lìn a chaidh a chruthachadh a dh'aona-ghnothach airson an sgeama.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Thèid na duaisean a thoirt seachad air Diciadain 20 Samhain sna Lus-ghàrraidhean Rìoghail ann an Dùn Èideann. Bidh cuirm ann far an tèid ceòl is iomadh seòrsa ealain eile a thaisbeanadh, an dà chuid nuadh agus dualchasach, mar phàirt den oidhche.

Thuirt am Ministear airson Cànanan na h-Alba, an Dr Alasdair Allan: “Tha na duaisean seo, agus na h-iomadh seòrsa duaise, ag aithneachadh cho chudromach agus a tha a’ Ghàidhlig ann an Alba an latha an-diugh. Tha iad a’ toirt cothrom dhuinn gàirdeachas a dhèanamh ri daoine air feadh na dùthcha, bho gach raon is roinn, a tha, chan e a-mhàin nan tosgairean airson a’ chàin, ach cuideachd tha iad a’ brosnachadh dhaoine eile gu bhith ga h-ionnsachadh. Bu toil leam meal-anaidheachd a chur air a’ Bhòrd agus an *Daily Record* airson an obair chruaiddh a rinn iad ann a bhith cur air chois na duaisean Gàidhlig ùra seo agus tha mi a’ coimhead air adhart ri bhith cluinntinn mun iomadh duine is buidheann thoillteanach a thèid a mholadh airson duais.”

A’ cur fàilte air a’ chompàirteachas, thuirt Ailean Rennie, Prìomh Neach-deasachaidh an *Daily Record*: “Tha e na adhbhar moit don Daily Record gu bheil sinn gu bhith an sàs anns a’ chiad Dhuaisean Gàidhlig na h-Alba. Chan eil Gàidhlig agam fhìn, ach tha sinn a’ faireachdainn gu bheil e cudromach gun toir an dùthaich againn aithne phoblach don Ghàidhlig agus an iomadh dòigh sa bheil i a’ cur ri ar cultar, dualchas agus na h-iomadh ceann-uidhe a tha romhainn. Tha mi a’ coimhead air adhart ris an oidhche.”

## DEIREADH


**Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh air na tha sa bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios, le ur toil, gu Steven MacÌomhair, Manaidsear Corporra & Conaltraidh, Bòrd na Gàidhlig, post-d [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no fònaibh 01463 225 454.**

## FIOSRACHADH DON LUCHD-DEASACHAIDH:

For full information on the awards please visit: <http://www.scottishgaelicawards.co.uk>.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



'S iad na 10 seòrsachan dhuaisean:

- **Duais Luchd-ionnsachaидh**

Seo airson nan oidhirpean as fheàrr a rinn cuideigin/buidheann à coimhairsnachd Luchd-ionnsachaидh na Gàidhlig. Tha luchd-ionnsachaидh nan roinn fiор chudromach ann an coimhairsnachd na Gàidhlig agus bheir an duais seo aithne phoblach do na h-oidhirpean as fheàrr a nì daoine fa leth no buidhnean gus a dhol an sàs sa chànan. Cuideachd, dh'fhaodadh buidhnean a bhios a' brosnachadh luchd-ionnsachaидh, a' dealbh dhòighean ionnsachaидh ùra no a' cur air dòigh dibhairsain do luchd-ionnsachaидh an duais seo a ghleidheadh.

- **An Duais Ealain is Chultarach**

An duais airson an obair as fheàrr a rinneadh a thaobh cultar na Gàidhlig ann an 2012/13. Faodaidh an duais seo a bhith gabhail a-steach litreachas, bàrdachd, ealain lèirsinne, film no telebhisean.

- **An Duais airson Tachartas**

Airson an tachartas Gàidhlig as fheàrr, fear fa leth, no fear a bhios ga chumail ga chunbalach, a chaidh a chumail ann an 2012/13. Faodaidh tachartas a tha air a bhith stèidhichte ùine fhada an duais seo a ghleidheadh.

- **An Duais Choimhairsnachd, Dualchais is Turasachd**


Airson na buidhne, baile no coimhairsnachd sgoile as motha a rinn oidhirp gus an cuid dualchais a chur air adhart ann an 2012/13. Faodaidh an duais seo a bhith gabhail a-steach taisbeanaidhean a nì mìneachadh, cuairtean tro bhaltean, a' clàradh ainmean-aite ann am bailtean agus mar sin air adhart.

- **Sàr Dhuais na Gàidhlig**

Duais don neach fa leth no a' bhuidheann as motha a rinn feum don Ghàidhlig. Dh'fhaodadh seo a bhith na dhuais airson sàr obair a rinn cuideigin, ach bu chòir an raon seo a bhith farsaing gu leòr airson gabhail a-steach daoine no buidhnean a tha air sealltainn gu bheil gealltanás mòr anns na tha iad air a choileanadh. Mar sin, a bharrachd air a bhith toirt aithne phoblach do na daoine a tha air a bhith cur ri cor na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean agus iad airidh air am moladh, tha an duais seo cuideachd a' leigeil leinn gàirdeachas a dhèanamh ri daoine a tha air sgrìob ùr a bhristeadh às leth a' chànan.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



- **An Duais Eadar-nàiseanta**

Airson an duine, tachartas no buidheann as fheàrr a chuireas Gàidhlig air adhart ann an co-theacs eadar-nàiseanta, far nach eil Beurla na phàirt dheth.

- **Duais: Innleachdas ann am Foghlam Gàidhlig - *le taic bho Foghlam Alba***

Duais airson luchd-foghlaim no oilleanach as fheàrr a chuireas an cèill beachdansmuain innleachdail agus a nochdas dioghras ann a bhith lìbhrigeadh foghlam Gàidhlig. Faodaidh an duais seo a bhith airson ire sam bith, bho ro-sgoil gu foghlam àrd-ìre.

- **Tosgaire Òg na Bliadhna**

Airson an Gàidheal òg as mothach a rinn oidhirp ann a bhith cur air adhart na Gàidhlig ann an 2012/13 (fo 25).

- **An Duais airson lomairt san Àite-obrach**

Duais gus adhartas mòr aithneachadh a rinn buidheann no daoine fa leth ann a bhith brosnachadh cleachdadadh na Gàidhlig san àite-obrach.

- **An Duais Spòrs**

Airson nan oidhirpean as fheàrr a rinn luchd-spòrs na Gàidhlig, a' gabhail a-steach daoine a nì spòrs, luchd-aithris spòrs agus luchd-leantainn.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**26/08/2013**

## **Bòrd na Gàidhlig to sponsor Gaelic Awards**

Bòrd na Gàidhlig has announced a new partnership with Media Scotland, the largest publishing group in Scotland, to create a series of awards which look to reward all aspects of the Gaelic language and culture across Scotland.

The Gaelic Awards will look to reward all aspects of Scotland's Gaelic culture and language, highlighting the excellent work undertaken to maintain its growth and heritage.

Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), John Angus MacKay said: "The creation of the Gaelic Awards is a positive step to recognise some of the hard work, dedication, and commitment of those involved in the development and maintaining of the Gaelic Language, not only in Scotland but worldwide. Awards do not only acknowledge success; they recognise many other qualities: ability, struggle, effort and, above all, excellence. We are delighted also to be working with Media Scotland on this project as it follows a successful partnership over the last 2 years in sponsoring the Scottish Education Awards. We congratulate them on recognising the importance of celebrating the contribution that a range of people make to the Gaelic language and culture in Scotland."

Nominations for the awards open today (Monday 26 August), with a total of 10 categories. Entries can be made through a dedicated website for the event.

The award ceremony itself will take place on the evening of Wednesday the 20<sup>th</sup> November in the Royal Botanic Gardens in Edinburgh. The celebrations will embrace a variety of traditional and modern entertainment.

Minister for Scottish Languages, Dr Alasdair Allan said: "These awards, and the variety of categories, recognise the importance of Gaelic in modern Scotland. They give us the chance to celebrate the people across the country, from all disciplines, who are not only ambassadors for the language but also help to encourage others to learn it. I would like to congratulate the Bòrd and the Daily Record for their hard

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



work in creating these new Gaelic awards and look forward to hearing about the many deserving entries that I am sure will be submitted.”

Also welcoming the partnership, Editor in Chief at the Daily Record, Allan Rennie said: “The Daily Record is proud to be part of this first Gaelic Awards. I am personally not a Gaelic speaker but we feel that it is important that our nation recognises the outstanding contribution the Gaelic language has made to our culture, heritage and our future. I am looking forward to the night.”

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or phoning 01463 225 454.**

### **NOTES TO THE EDITOR:**

For full information on the awards please visit: <http://www.scottishgaelicawards.co.uk>.


The 10 categories for the awards are:

- **Learner Award**

For the most outstanding contribution to Gaelic from the Learner community. Learners are one of the most important sectors of the Gaelic speaking community and this award will recognise outstanding effort by individuals or organisations to involve themselves in the language. The award could also go to groups or organisations that reach out to learners, devise new methods of teaching or entertaining learners.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



- **Arts & Culture Award**

For the most outstanding contribution to Gaelic culture in 2012/13. The award can cover literature, poetry, visual art, film or television.

- **Event Award**

For the best Gaelic language event, one off or regular that has taken place in 2012/13. The award can go to a long established event.

- **Community, Heritage & Tourism Award**

For the group, organisation, village or school community that has done most to celebrate its heritage in 2012/13. The award could cover things like interpretive exhibitions, village walks, recording village place names etc.

- **Best Contribution Award**

For the individual or organisation that has done the most for Gaelic. This could be an award for outstanding achievement but the category should be wide enough to include outstanding potential. As well as recognising those who have been promoting Gaelic for years and deserve some credit, it allows the celebration of those who have broken new ground in the language.

- **International Award**

For the individual, event or organisation that best places Gaelic in an international, non-English speaking, context.

- **Innovation in Education Award – Sponsored by Education Scotland**

For the service providers or students showing the best ideas and commitment to delivering Gaelic education. This could be at any level from pre-school to higher education.

- **Young Gaelic Ambassador of the Year Award**

For the Gaidheal Og, the outstanding young Gael of 2012/13 who has made a significant contribution to the promotion of the Gaelic language (Under 25).

- **Workplace Initiative Award**

To recognise significant progress made by organisations or individuals in promoting the use of Gaelic in the workplace.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



- **Sport Award**

For the best contribution from the Gaelic sporting world, from practitioners, commentators or fans.